

b. g.

H. M. 31.

Rail







LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

AN
TEACHDAIRE CRIOSDAIL,

NO,

EACHDRAIDH AITHGHEARR AIR SOIRBHEACHADH AN T-SOISGELL,
ARAON ANNS NA RÌOGHACHDAIBH SO, AGUS ANN AN DUTHAICHIBH
CEIN: AIR A CHUIR A MACH LEIS A CHUIDEACHD SIN AN DUIN-
EIDIN D' AN AINM 'S A CHAINNT BHEURLA,

“ *The Edinburgh Religious Tract Society.* ”

VOL. I.

OCTOBER 1824.

No. I.

Is ann air ùghdarras na teisteis neamhaidh tha e air innseadh dhuinn, gur e so a bheatha mhaireannach; eòlas a bhi againn air an Dia bheò agus fhìrinneach, agus air Iosa Crìosd a chuir e uaith; agus nach 'eil ainm sam bith eile fuidh neamh air a thabhairt am measg dhaoinè tre am feud sinn a bhi air ar teàrnadh. Cha 'n 'eil na nithe so ni 's soilleire air an innseadh dhuinn, no tha iad 'g ar treòireachadh gu bhi gabhail beachd air luach do-thabhairt eòlais a chreidimh Chrìosd-uidh, araon air se, sonais, agus comhfhurtachd an duine anns a bheatha so féin, ach gu-rò àraid anns a bheatha chum teachd. Gidh-eadh cia beag an roinn 's a tha fathast air an soillseachadh ann an eòlas na fìrinn! 'nuair a smuainicheas sinn air na mìltibh mìle do-àireamhta, tha 'n an suidhe fuidh dhùbhraidh dorchadais, agus sgàil a bhàis. Tha dà ni àraid tha gu tric mar chràdh do phobull an Tighearna: 'se sin, air an-aòn làimh cho beag de fhìor bhuaidh 's a tha 'n Soisgeul a' faotainn mu'n timchiol féin; 'n an tìr, 'n an dùthaich, 'n an sgìreachd, n' an coimhearsnachd, agus gu tric 'n an teaghlachibh féin air leth: air an làimh eile, 's cinnteach gu 'm bheil iadsan a bhàis gu 'm bheil an Tighearn gràs-mhor, gu tric a' deanamh bròin os an cionn-san tha fathast gun chothrom soilleireachaidh, o'n leth muigh féin. 'S tric a chluinneas sinn, eadhon iadsan a tha fuidh fhìor chùram, a' gabhail iongantais nach to thoilich e an Tighearn eòlas a shoisgeil agus ainme féin a chuir ni 's mò an leud no thà iad. Cha bhui dhùinne, comhairle dhìomhair an Tighearn a rannsachadh: na nithe a th' air an deanamh aithnìcht' buinidh iad dhùinne agus d' ar cloinn. Agus 's e am freagradh a bheireadh sinn dhoibhsan a tha taisbeanadh iongantais, agus a tha deanamh gearain mu' n chùis so:—“ Cìod e an t-saothair aig am bheis sibh chum 's gu 'm biodh so air a leasachadh? ” Tha thu a' gearain nach 'eil an soisgeul air a shearmonachadh do na h-uile. Cìod e rinn thu sa chum gu 'm bitheadh e air a shearmonachadh? No, cìod e idir a rinn thu fathast, chum 's gu 'm biodh rìoghachd Chrìosd air a meudachadh? 'S ann mar so a chì sinn, an àite nuinntir a bhi cuir

na coire eadhon air Dia, gur ann tha mòr choire gu tric aig an dorsuibh féin. Agus tha 'n Eaglais anns na Rìoghachdaibh so a nis, mar gu 'm b' ann a' scalltuinn air a h-ais le nàire air a mhi-chùram leis an robh iad rè iomadh bliadhna, ag amharc air coir nam fineach aineolach agus truagh. Tha daoine nis air an gluasad a suas; tha dearbhachd againn gur ann o 'n Tighearn; chum a bhi craobh-sgaoileadh eòlais ainme féin air feadh an domhainn. Tha gluasad am measg nan Cinncach. Tha 'n Tighearn 'g a thaisbeanadh féin; agus ann an ioma àite tha 'n luchd còmhnuidh a' togail an guth le h-aoibhneas ann am briathraibh an t-Sailmeadair, ag ràdh " Rinn thusa nithe mòra air ar son."

Air bith cho mòr a bhi deanta, anns na Rìoghachdaibh so, o chionn a nis m' an cuairt agus deich bliadhna thar fhichead, a chum eòlas an Dé bheò agus fhìrinnich, agus slighe na slàinte tre ar Tighearn Iosa Crìosd a mheudachadh, agus a chraobh-sgaoileadh, tre mheadhon Chonchomunna lionmhoire, tha cuir a mach Bhìobhal, agus Theachdar, dha-n-ionnsuidh-san a tha fathast ann an dorchadas agus 'an aineolas; agus air bith leabhraiche cho lionmhoir 'bhi mar an ceudna air an sgrìobhadh, tha a' toirt cunntais air soirbheachadh nam meadhon so:—thug am bràithrean mu dheas, fainear, gu'm feudadh e bhi ro barrtunach, agus ro fheumail mar an ceudna, do luchd còmhnuidh na Gàidhealtachd, bhi toirt fios dhoibh o àm gu h-àm, 'nan cainnte fein, air nam meadhona ceudna so; na nithe tha nis air an deanadh, feadh an saoghail uile, airson rìoghachd an Fhir-shaoraidh a mheudachadh. Tha iad a' rùnachadh uime sin, gu' m bi air a chur a mach leo, feudaidh e bhith, aon uair san ràidh, 's a chainnt Ghàelic, cunntas dhe seòrsa so. Anns an dòchas gu'm bi an t-saothair so air a beannachadh, leis-san, o'm bheil gach beannachd a sruthadh, tha i nis air a tòiseachadh, leis a Chomunn tha air ainmeachadh aig toiseach na *duilleig* so. Ann an coimhlionadh na saothair so, se tha iad a' rùnachadh, bhi toirt, aig ceann gach ràidh, cunntas air na naigh-eachdaibh, a tha teachd dhachaidh, air na nithe tha an Tighearna tre sheirbhìsich féin a' coimhlionadh ann an dùthcha cèin; ach a thaobh 's gu 'm feud cuid, a bhi fathast ann an tomhas, aincolach air nam meadhona tha air an cleachdamh aig a bhaile, chum na crìch so; tha e feumail gu'm bitheadh anns a' cheud tòiseachadh, air a thoirt, cunntas mu na Co-chomunnaibh ann an Breatain, agus 'an rìoghachdaibh eile, tha ri saothair anns an obair ghràidh so, agus aig am bheil an saothara cho soilleir air am beannachadh leis an Tighearn, ann a bhi meudachadh rìoghachd a Mhic féin. Gu 'n deònuich esan aig a bheil an cumhachd, a bheannachd féin a' leigeadh a nuas air an t-saothair so; a beannachadh mar sin; agus an cridhe-san tha nis 'ga gabhail fo s' làimh, a neartachadh le ghràs, gu dòchas iriosal a' chur ann féin, agus gu h-ùrnaigh dhùrachdaich, gu'm b'u toil leis an t-saothair urramachadh le 'ghnùis agus a làthaireachd a bhuileachadh oirre'; agus gu 'n deònuich e i bhi air a deanamh na meadhon trid a bheannachd féin, chum a bhi gluasad a suas ann an inntinnibh an luchd leughaidh, spiorad ùrnaigh agus athchuinge ris an Tighearn, gu 'n doirteadh a mach dhe a Spiorad air an uile fheadil; gu 'n togadh e suas dha féin fianuisean fìrinneach, dìleas, agus treibhdhireach, a

chuireadh an céill an fhìrinn mar tha i ann an Iosa Crìosd ; daoine làn de chreidimh agus de 'n Spiorad Naomh, aig nach biodh dùrachd no iarrtas sam bith eile a b' àirde, na bhi 'g an caitheadh féin, agus air an caitheadh, ann an seirbhis Chrìosd.

A réir an orduigh a chaidh chomharrachadh a leantuinn, tòisichidh sinn le 'bhi deanamh ainmeachadh aithgearr air a h-aon no dhithis de na Cuideachdaibh ann ar tìr féin, tha ri saothair ann a meudachadh eòlais Soisgeil Chrìosd, agus nam measg so, cha 'n 'eil a h-aon is mò tha dh'fheuchadh oirn' ainmeachadh, no a Chuideachd mhòr, lionmhor, agus urramach sin, ann an Lunnainn, dha 'm feudar, an t-ainm so a thabhairt, " A Chuideachd *Bhìobaluch* Bhreatannach, agus Chéin-thireach : " a thaobh gur a h-è is obair agus rùn dhoibhsan, na sgrìobtaire naomha, a chuir a mach agus a dheanamh aithnichte, anns gach cainnte fa leth feadh an t-saoghail. Theagamh gu'n cualadh sibh roimhe, iomradh air a Chuideachd chàirdeil agus urramach so, fuidh 'n ainm anns a bheurla " *The British and Foreign Bible Society.* "

Tha mu 'n cnairt agus fichead bliadhna, na tuilleadh, o bha a Chuideachd so air a tòiseachadh ann an Lunnain. Se an dùrachd, mar a thubhairt sinn a cheana, na Sgrìobtuire naomha, a chuir a mach anns gach càimhuin, agus an deanadh aithnichte do rìoghachaibh agus slòigh an domhainn gu-léir, cho fada 's a tha sin air a cheadachadh le freasdal an Tighearn, agus gach meadhon a's urradh bhi air a ghnàthachadh. Cia mar a tha 'n obair ghràidh so a soirbheachadh 'n an làimh, feudaidh sinn ionnsachadh o na chunntas a leanas. Anns a bliadhna mu dheireadh, b'e costus na Cuideachd so, ann an clò-bhualadh, agus cuir a mach Bhìobal ; ceithir fichead 's a naoidh mìle, ceithir cheud, ceithir fichead 's a naoidh deug, *punnd Sasunnach*, se sin air dhòigh eile, L.89,493. agus o cheud suidheachadh na Cuideachd, chaith iad a dh' àirgiod anns an t-saothair cheudna : Aon ceud deug mìle, trì fichead 's a ceithir mìle, naoidh ceud, trith fichead 's a trì, *punnd Sasunnach*, i. e. L.1,164,963, ann an eadar-theangachadh, clò-bhualadh, agus cuir a mach nan sgrìobtaire naomha. Se an t-àireamh Bhiobhal agus Thiomnadh nuadh a chaidh chuir a mach rè na h-ùine o thòisich iad ; ceithir mìle, dà cheud, dà fhichead sa trì-deug de *mhìltibh*, trì chend, trì fichead 's a cuig ; agus a thuilleadh air so, bha rè na h-ùine ceudna, barrachd agus dà mhìle de mhìltibh eile Bìobal agus Tiomnadh nuadh air an cur a mach le Cuid-eachdaibh eile, a tha co-oibreachadh leis a Chuideachd so. Anns an àm cheudna, tha na Sgrìobtaire air an eadar-theangachadh a dh' ionnsuidh aon cheud, agus da fhichead cainnte fa leth ; agus dhiù sin, tha ceithir fichead agus trì-deug cainnt, anns nach robh riamh roimhe Focal na fìrinn air ainneachadh no air a sgrìobhadh. 'Ni mò an ann a mhàin annta féin, mar nithibh air leth, a tha saotharan na Cuideachd so feumail, agus air am beannachadh ; ach tha iad air am faicsinn agus air an aideachadh, a bhi 'nam meadhon àraid ann an làimh an Tighearn, chum a bhi gluasad an iarrtais dhùrachdaich cheudna, ann an dùthchaibh eile, air feadh an t-saoghail. Anns na h-Innsibh an Ear, ann an America, anns an Fhrainc, sa Ghermailt, ann an Russia ; agus ann am Prussia ; agus 'an aon fhocal, feudaidh sinn a ràdh, ann am briathribh na fìrinn ; agus na h-uile Rìoghachd

agus dùthaich fuidh neamh, tha Cuideachda, agus Co-chomuna dhe 'n t-seòrsa cheudna, a nis air an suidheachadh, no a' tòiseachadh; agus 's gann gu 'm bheil baile mòr no beag, no sgiarachd air leth, ann an Breatainn gu h-ìomlan, a mach, feumaidh sinn a ràdh o chuid de sgiòrachdaibh anns a Ghàidhealtachd féin, anns nach 'eil Co-chomunn no cuideachd beag na mòr air a shuidheachadh chum a bhi toirt cuidichidh do 'n obair mhòir agus chudthromaich so.

Ag amharc air an leithid e so a 'dh'oidheirpibh dùrachdach ann an aobhair an t-soisgeil, 's aobhneach re fhaicsinn, cia càirdeil, cia gràdhach, 's a tha luchd ainmeachaidh ainm Chrìosd, dhe gach buidhean, ge be air bith mar a tha iad air an aithneachadh, am measg dhaoine mar bhuidhneibh air leth, a' co-aontachadh le 'chéile, agus a'cuideachadh a chéile, ann a bhi cuir na h-oibre mòra so air a h-aghaidh, ann a bhi suidheachadh an t-soluis an ionadaibh na dorebadais, an t-saoibh-cràbhaidh, agus an iodhol-aoraidh. So aon bhuaidh àraid tha teachd an lorg saothair na Cuideachd mu 'm bheil sinn a labhairt. Roinn an ùm anns an do thòisich iad, tha againn re aitheachadh, gu 'n robh roinnean am measg luchd ainmeachaidh an t-soisgeil 'n ar tìr féin, air teachd gu àirde ro chràiteach; air choir 's gu robh glé bheag déiligeadh aig am buidhneibh fa leth r 'a chéile; agus ged nach 'eil fathast uile roinnean air an deanamh suas; gu ma beannuichte gu robh an Tighearn, gu 'm bheil sinn a faicsinn càirdeas agus caomhalachd air an taisbeanadh, le buidhneibh fa leth d' a chéile, cho fad 's a tha iad coslach a bhi gràdhachadh ainm an Tighearn' Iosa Crìosd ann an treibhdhìrean, agus a' deanamh dì-chioll faraon, ann an aobhair an Tighearna a sheasamh, agus a ghlàir air thalamh bhi air a h-àrdachadh. Gu cinnteach 'n uair a bheir sinn fairear, gar e 'n aon rùn agus dùrachd a dh' fheumas a bhi aig na h-uile, dha 'm bheil an t-slàinte mhòr so air a deanamh luachmhor, ciod è is reusonaich, na gu 'm bitheadh a chùis mar so; gidheadh, sann gu dearbh o'n Tighearn a tha e, gu 'm biodh laigse dhaoine air a neartachadh, agus gu 'm biodh an oidheirpe iriosal, air an dlùthachadh mar ann an aon, chum a bhi craobh-sgaoileadh colais ainme. Agus a' beachdachadh air na h-oidheirpibh so, agus air focal Dé mar so, bhi air a dhèanamh aithnichte; gur e tobar na h-uile fìor eòlas e, gur e focal na beatha bithbhuaie e: Co dhà is urradh crìoch a chuir ris an dòchas aobhneach, mu 'n mhaith a dh' fheudas a bhi deanta leis? Smuainich, air a bhuaidh a dh' fheudas a bhi air a toirt a mach le eadhon aon Bhiobal, 'n uair a tha 'm focal a' teachd dhachaidh le cumhachd, a dh' ionnsuidh cridhe an fhir leughaidh; an caochladh tha sin a' toirt mu 'n cuairt, 'na chliù féin, na phearsa, 'na theaghlach, 'na chomhluid, agus cò a tha comasach air luach na gifte sin a chuir an céill? Agus an tréig an Tighearn obair agus fhocal féin? Earbamaid as, aslaichimid air, nach tréigeadh se iad, agus nach biodh e air a bhrosnachadh le ar n-ain-diadhachd-ne, chum sin a dhèanamh? Nis, smuainich, a Leughadair, air a bhuaidh a dh' fheudas aon Bhiobal, a' thoirt a mach: smuainich ma ta, air a bhuaidh a dh' fheudas teachd an lorg mìlte de mhìltibh dhiu, bhi air an cuir a mach agus air an sgaoileadh nam measg-san a tha fathast aineolach air deadh fhocal na beatha. Ann a bhi craobh-

sgaoileadh focail Dé, tha sinn ag oibreachadh a réir a thoile; tha sinn 'nar meadhona a bhi coimhlionadh 'orduighean féin. Gach ní a's lugha thu deanta san obair so, 's ceum àraid air leth sin; thu 'n uiread sin deanta, chum eòlas a thoile agus rioghachd Mhic a ghràidh a chuir air an aghaidh san t-saoghal. Troimh shaothairibh an leithide so a Chuideachda, feudaidh an obair so dhol air a h-aghaidh cois air chois, air a beannachadh, agus air a daingneachadh leis an Tighearn, gus an tig na h-uile Cinneach agus Rioghachd gu bhi air an cosnadh dha ùmhlachd a chreidimh, gus an crom na h-uile glùn, 'an lathair slait shuaicheantais Chrìosd, ní a 's e Shoisgeul fein, agus gus an aidich na h-uile teanga, gur esan is Tighearn ann, chum glòir Dhe an athar.

A Leughadair! nach fheud e bhi, dhuitsa, fathast, gu 'm bheil an ionnhas naomh so 'na leabhar seulaichte? Dh' fheudta gu'n d' fhuiling thu a dha'd Bhiobul, a bhi 'na luidhe r' ad thaobh gun fhosgladh rè làithibh, mhiosaibh, seadh, rè bhliadhnaibh! Agus na dh'irioslaich gu cinnteach, Dia mòr agus cumhachdach nèimh agus talmhainn, na dh'irioslaich esan e féin sìos, a chum a' thoirt dhuitse, soilleireachadh dhe a thoil agus dhe a roidibh, a bha iomchuidh airson do dheanamh glic a chum slàinte; agus 'n do dhiùlt thusa gu h-ainmeineach an teachdaireachd so o Dhia féin a leughadh, na eadhon sealltain rithe; agus an d' fhan thu aineolach mu shlighe na beatha? An druid thu do shùilean, am bodhair thu do chluas, an aghaidh an leithid so a bhriathrean gràs-mhor. "Seallaibh riumsa, agus bithibh air bhur teàrnadh, uile iomalla na talmhainn, oir is mise Dia, agus cha 'n 'eil atharrach ann." *Isai. XLV. 22.* "O! gu'n tugadh tu faicear m' àitheanta-sa! an sin bhiodh do shìth mar amhainn, agus d'fhèantachd mar thonna na fairge." *Isai. XLVIII. 18.* "Ho! gach neach air am bheil tart, thighibhse chum nan uisgeacha, agus esan aig nach 'eil airgiod, thigibh, ceannuichibh, agus ithibh; seadh, thigibh, ceannuichibh gun airgiod agus gun luach, fion agus bainne." *Isai. LV. 1.* "Tha Dia ann an Crìosd a' deanamh an t-saoghail réidh ris fein, gun bhi a' meas an cionta dhoibh." *2 Cor. v. 19.* O! nach smuainich thu air gràdh iongantach agus do-labhairt an Dé sin, o bheil thusa a' cuir teachdaireachd a ghràidh sin suarach:—gu 'n do chuir e aon-ghin Mic, seadh, a mhac ro ghràdhach féin, a dh' ionnsuidh an t-saoghail, a dh' fhulang geur-leanmhuinn, mì-chliu, nàirc, maslaidh, agus bàis an-ìochdmhoir, a chum 's gu'm bitheadh tusa air do thearnadh o sgrios sìorruidh, agus air do dheanamh iomchuidh airson sonas agus aoibhneas 'na fhìor làthaireachd fein gu suthain? Anns na sgrìobtuiribh so, a chuir thusa gus a nis an neo-shuim, no air an do leig thu dì-chuimhne, chì thu an t-slighe trid am bheil na beannachda so air an cosnadh air do shon, agus gu bhi air an sealbhachadh leat, gu soilleir air a' nochdadh fa-chomhair do shùl. Tha 'n Tighearn Iosa, an sin, ag innseadh dhuinn, gur *Esan*, an t'-slighe, an fhìrinn, agus a bheatha. Bi air t-asluchadh uime sin, mar tha taobh agad re d'shonas, re d' chombhfhurtachd féin, eadhon anns a bheath so, ach gu ro àraid ma tha sùim idir agad mu bhuanachd d' anama neo-bhàs-mhoir ann an saoghal re teachd: thig a nis, gu h-ealamb, (cha 'n 'eil ùine ri chall,) agus gu dùrachdach tòisich ri leughadh agus rannsachadh na fianaise naomhe, a tha air

a cuir ann do làmbhaibh ; agus maille ri sin, dean ùrnaigh dhian ris an Tighearn, gu'n cuireadh esan dha t-ionnsuidh cumhachd soilleirichidh a Spioraid naoimhe féin, ni a mhàin a tha comasach air an fhocal a dheanamh éifeachdach airson tionndaidh do chridhe, agus 'g ad dheanamh toileach, an Tighearn Iosa Criosd a ghabhail, mar tha e gu saor air a theirgseadh san t-soisgeul. " Feuch, arsa Criosd féin, tha mi a' m' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh : ma dh'éisdeas neach sam bith ri'm ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumsa." *Taisb.* III. 20. Gu ma h-e freagradh do chridhe sa, uime sin ; a Thighearn, co dh'ionnsuidh théid mi ach dha t-ionnsuidh féin ; oir agads a mhàin, tha briathra na beatha bith-bhuain : soillsich m'inntinn ann an èolas air do thoil naomha féin. Dh'iarraim o 'n là so a mach, mi féin a thoirt suas dhuitse, mar sheirbhiseach toileach, a'rùnachadh, ann an ncart do ghràis-sa, tha air a ghealltain, ma rinn mi aingidheachd anns an àm a chaidh seachad, nach dean mi mar sin ni's mò, agus ge be air bith, a ni miuntir eile, air mo shonsa, agus mo thighe, ni sinn seirbhis do 'n Tighearn. Ach ma tha a chùis air dhòigh eile maille riut, agus gu'n diùlt thu fathast éisdeachd a thoirt do asluichidhean Mhic Dhé air t'anam, agus do chridhe :—an sin, cuimhnich, gu 'm bheil an latha' teachd, anns an labhair an Tighearn, tha nis 'g ad ghairm ann am briathraibh a ghràidh a 's treise ; anns an labhair e riut air dhòigh uamhasaich eile, anns na briathraibh eagallach so :— " A chionn gu'n do ghairm mi, agus gu'n do dhiùlt sibhse, gu'n do shìn me mach mo làmh, agus nach d'thug duine sam bith aire ; ach gu'n do chuir sibh an neo-ni m' uile chomhairle, agus nach b'àill leibh a bheag do m' achmhasan ; ni mise mar an ceudna gàire ri 'r sgrios-sa ; ni mi fanoid 'n uair a thig bhur 'n-eagal ; 'n uair a thig bhur n-eagal mar fhàsachadh, agus a thig bhur léir-sgrios oirbh mar iom-ghaoith, an uair a thig teinn agus cràdh cridhe oirbh : an sin deir an Tighearn, gairmidh iad ormsa ; ach cha fhreagair mi ; iarraidh iad mi gu moch, ach cha'n fhaigh iad mi ; a chionn gu'n d'fhuathaich iad èolas, agus nach do roghnaich iad eagal an Tighearn." Nar leigeadh Dia, gu'm biodh a chùis mar so maille riutsa, a Leughadair ! ach gu 'm bu fearr leinn earbsadh, gu'n gabh thu ris an Tighearn, tha nis a' cuir impidh ort, gu'n socrnich thu da rìreadh, do chridhe, air na nithe a bhuineas do d' shìth shiorruidh, air eagal gu'm bi iad air am folach a chaoidh o d' shùilibh ; agus gu'n taisbean tha mar an ceudna, do ghràdh do 'n Fhear-shaoiridh sin a cheannuich le 'fhuil luachmhor fein thu, le bhi compàirteachadh, de na mbaoin a bhuilich e ort, airson craobh-sgaoileadh fhocail nam measg-san, a tha fathast aineolach air. Fendaidd e bli, gu'n abair thu, O, tha mi bochd ; airgiod no òir cha 'n 'eil agam ; agus tha sinn ag aideachadh gu 'm feud a chùis a bli mar sin. Cha 'n 'eil an Tighearn ag iarraidh ach a réir do chomais ; ach cuimhnich thusa, tha a'deanamh an leithgeil so, cia mar tha thu buileachadh an nì sin a bhuilich an Tighearn ort féin, beag mar a thà e. Am bheil thu comasach a ràdh gur ann, ann an eagal an Tighearn, agus air son glòire an Tighearn, a tha thu 'ga bhuilleachadh ? Am bheil ana-caitheadh sam bith 'ad charuibh ? Am bheil thu cuir ri mi-òrdugh, no mi-stuamachd sam bith ?

O, smaoinich ort féin! agus cuimhnich co dhà dh' fheumas tusa cunntas thoirt seachad; agus cia mar dh' a'gras Dia aig do làimh, an nì sin a bhuilich e ort. Ach araon, o bhochd agus o bheartach, tha 'n Tighearn ag iarraidh aon nì àraid; agus se sin, gu'm faighte na h-uile dùrachdach ann an ùrnaigh mu 'aobhair.—'s àill leis a bhì air iarraidh le Tigh Israeil airson nan nithe so; agus c'arson? Chum 's gu'n dean e iad. O, 'n gealladh gràsmhor so, an iarrtas gràsmhor so, o 'n Tighearn. Sibhse ma tà, tha 'gràdhachadh an Tighearn Iosa Criosd ann am fìrinn agus 'an treibhdhireas; guidheamaid oirbh, a bhì dùrachdach ris an Tighearn ann an ùrnaigh mu 'aobhair féin, airson meudachadh a rioghachd; gu'n dòirteadh e mach a Spiorad air dhòigh soilleir, 'chum a bhì deanamh éifeachdach mach meadhon sin tha air an cleachdadh 'na ainm féin, gu bhì meudachadh Rioghachd a Mhic; mar so gu'n luathaichte na làithe sin, anns am bì 'ainm Chrìosd air a dheanamh aithnichte' o éirigh gu luidhe gréine, agus gu'm faic na h-uile dhaoine, a shlainte-san. Tha aon nì eile bu mhaith leinn a' chuir an cuimhne dhiubh; agus se sin, na comain fuidh a' bheil sibh anns a Ghàidhealtachd, do'n Chuideachd urramach mu'm bheil sinn a' labhairt. Tha gu cinnteach aobhar dhoilgheis ann, cho beag buaidh 's a tha focal na fìrinn a faotuin ann ar tìr féin, ach, cha'n urradh sinn àicheadh, nach 'eil e againn ann ar làimhibh, nì's pailte na bha e beagan bliadhna roimh 'n àm so. Se an dearbh Chuideachd so, a thòisich gach nì a bhuineas do sgoilibh agus do Bhìobulaibh air feadh bhur tìr-se: sin ri ràdh, 'sann an lorg an saothar-sa, a' thòisich comunna, agus cuideachdan eile ann an Alba, ri bhì saotharachadh mar an ceudna. Tha sinn an dòchas nach 'eil an oibre gràidh air an call; nach pill focal an Tighearn d'a ionnsuidh falamb, ach gu 'm bheil e a' co-lionadh, ann an cuid, a chrioich airson an do chuireadh e. Ma tha anam sam bith a shealbhaich maith spioradail a thaobh na nithe so, an Bìobal agus leughadh a Bhìobuil bhì air a chuir nì's mò 'na chomas; cia mar a thigeadh e do 'n anam sin, gun dì-chuimhne a' leigeadh air freasdail an Tighearn trid an d' thàinig tròcair d' a ionnsuidh. Smaoinichibh, a Chàirdean' air na nithe so, agus bithibh air bhur dùsgadh suas, a chum eud diadhaidh airson leasachaidh spioradail bhur bràithre anns gach àite.

Maille ri Cuideachdaibh Bìobalach, cha 'n 'eil teagamh, nach 'eil sibh a' cluinntinn, air uairibh, mu thiomchioll Cuideachdaibh eile, leis am bheil Teachdairean air an cur a mach' dh'ionnsuidh dhùthchaibh céine, a dh'ionnsuidh Fineachaibh, agus Rioghachdaibh, agus Eileinibh an domhainn, tha fathast, no bhà gus a nis, 'nan suidhe an dorchadas agus fuidh sgàil a bhàis. Cha mhòr a bhios e'n comas dhuinn a labhairt mu Chuideachdaibh air leth, aig an àm so; oir, buidheachas do'n Tighearn, tha iad lionmhor; agus, tha e soilleir gu'm bheil an Tighearn nam measg, agus leo, a chum am beannachaidh. Dhiùsan tha mar so, a' saothrachadh, feudar a ghairm, "Cuideachda Teachdaireil,"—se sin anns a Bheurla, "*Missionary Societies.*" Agus nam measg dhiu so, air am bu mhaith leinn, bhì toirt cunntais dhuibh, tòisichidh sinn le a h-aon dhiu d' an goirear,

"Cuideachd Theachdaireil na H-Alba."

Oir ged nach iad is lionmhoire ann an àhrean, agus ged nach

ann leò is mò a tha deanta, na iomadh eile; tha e iomchuidh gu'n tòisicheadh sinn leò-san, thaobh an dàimh r'ar tìr féin, agus a thaobh gu'm feud iomadh neach 'dh'ionnsuidh an tig an cunntas so, bhì fathast aineolach, qu'm bheil a leithid so a Chuideachd air a suidheachadh ann an Alba. Tha mu'n cuairt agus seachd bliadhna thar fhichead o na chaidh a Chuideachd so a shuidheachadh ann am Baile Dhun-Édin; agus an uair a tha sinn a' labhairt ribh mu thimcheol Cuideachdaibh mar so bhì air an suidheachadh, thugaibh fainear, cia mar tha so deanta,—nach ann le ùghdarras sam bith eile air mhodh shaoghail, ach na tha pobull an Tighearn, agus iadsan a tha eudmhor air a thaobh, a buileachadh de am maoin agus an saibhreis, chum na crìche so. Tha a Chuideachd so a' cuir a mach Teachdraichean, dh'ionnsuidh caochlaidh àite, ach gu h'àraid gu earrain de Iompaireachd na Russia, d'an ainm *Tartari*. O chionn ghoirid chuir iad Teachdraichean dh'ionnsuidh carrainibh àraid dhe na h-Innsean an Ear, agus an Iar. Ann an *Tartari*, far am bheil an sluagh ann an coir dorchadais agus aineolais ro mhi-ghealltanach, gu h'àraid a thaobh saobh-chràbhadh truailidh nam Mahomedanach; anns an earrain sin tha aobhair dhoilgheis aig a Chuideachd so, nach do shoirbhich fathast le'n saothair, air dhòigh ro aithnicht' sam bith. Tha 'n Tighearn mar so, gu tric a' taisbeanadh d'a phobull, gur ann maille ris féin a tha cumbachd, agus ùghdarras anns gach nì mu'n d'fhéid iad. Tha daoine cho ullamh a bhì leagadh taice re 'n saothair féin, agus a bhì 'g earbsadh à gairdean feòla, 's gu bheil freasdala cruaidhe o 'n Tighearn ro fheumail air an son, a chum iad a bhì air an irioslachadh, agus air am pilladh a dh' ionnsuidh an taice leagadh gu h-iomlan air féin a mhàin. Tha sinn mar an ceudna, ullamh a bhì scalltain air son nithe mòra; ach na'n tugamaid luach do-labhairt aon anam, fainear, dh'aidicheadh sinn an sin, nach bu dìomhan saothar sam bith, bhìodh 'na meadhon air aon anam féin a philleadh o dhorchadas chum solais, agus o chumbachd Shàtain a dh' ionnsuidh an Dia bheò. Cha mhò ann an *Tartari*, tha saothair nan Teachdair so domhain: tre eadar-theangachadh nan sgrìobtuir, dh'ionnsuidh nan cainutean borba th'air an labhairt anns na dùthchaibh sin; agus leabhraiche beaga mu nithe a bhineas do còlas Crìosdail bhì air an cuir an làmbaibh an luchd àiteachaidh, tha iad a faotainn comharaidhean sòlasach o àm gu h-àm, gu bheil an Tighearn maille riu. Ann am baile mòr *Astracan*, àrd-chathair *Thartari*, o'chionn ghoirid, bha duin' òg air iompachadh air sheòl ro shoilleir. Feumaidh e bhì taitneach dh'ar luchd leughaidh, cunntas aithghearr a' thoirt dhoibh mu'n duin' òg so, agus an dòigh leis an do thoilich an Tighearn fiosrachadh air. Tha 'n t-òganach, d'an ainm, Mirza Mahomed Ali Beg, 'na aon mhac aig scann duin' àraid a tha ro urramach 'na thìr féin, agus a bha rè ùin' fhada, na àrd-bhreitheamh, ann an aon do mhòr-roinnean na Rìoghachd sin. Thach-air, gu'n d'fhuaireadh coire dha'n duine so: bha mi-dhìlseachd d'a Rìgh air a cuir as a leth. Fhuaradh ciontach e. Bha e air a spùinnceadh de chuid beartais, agus air fhògradh mar phrìosannach do bhaile *Astracain*, far an robh na Teachdair Albanach an uair sin a' chòmhnuidh. Air dha bhì 'g a fhàireachadh féin ro aonarach san àite so, agus a

shlàinte air fàilneachadh, sgrìobh e dh'ionnsuidh a mhic Mirza, a' guidheadh air, tighinn agus fantuinn maille ris, mar chompanach, agus mar an aon sòlas chaidh nis fhàgail aige' na shean làithibh. Thug Mirza gu' h-ullamh géill do iarrtas Athar: ràinig e *Astracan*, agus goirid an déigh sin, thainig e gu bhi 'na fhear teagaisg anns a chainnt Aràbianach agus Phearsianach, do fhear no dhithis de na Teachdairibh Albanach, bha 'nuair sin a' chòmhnuidh anns a bhaile. Bha caochladh uairean, argumaid,—na seòrsa connsachaidh eadar e féin agus na Teachdairean, mu thimchioll a chreidimh Chriosduidh, agus creidimh nam Mahomedanach:—ach chuir e gu dian an aghaidh na h-uile ni a bha air a labhairt leo mu'n t-Soisgeul; agus eadhon aig amaibh air leth, labhradh e nithe toibheumach an aghaidh Chriosd: gidheadh bha fathast ni-eigin ann a ghiùlan mi-choslach ri Mahomedanaich eile; an déigh dha labhairt air an dòigh eagalach so, philleadh e dh'an ionnsuidh an ceann latha no dhà, agus shireadh e orra a rìs, ni-eigin eile mu thimchioll a chreidimh Chriosduidh. Cha b'fhada gus an d' thainig e gu bhi sireadh ga rìreadh air son eòlas na firinn; cha robh latha dol seachad nach fhaighte e an cuideachd Mhaighstir Mhicpherson na Dhochtair Ros,—dithis dhe na Teachdairibh Albanach. Bha e nis a' taisbeanadh gu soilleir, gu'n d'fhuair e fiosrachadh air a pheacadh agus a thruaighe féin thaobh naduir; thréig a chodal e; agus cho ciùrtach a bha e faireachadh dearbhaidhean peacaidh, nach robh fois latha na dh' oidhche air a sealbhachadh leis. Ach cha b' fhad a dh' fhàg an Tighearn anns a choir so e. Bha inn-tinn air a soilleireachadh, agus fhuair a choguis sìth agus sòlas, ann a fuil an Tighearn Iosa Crìosd a bhi air a càireadh ris tre chreidimh. Bha 'athair gu mòr air a bhrosnachadh 'na aghaidh. Air uairibh, rinn e bròn thairis air *tuiteamas* a mhic, oir air is ann mar sin a dh'ainmich esan an t-atharrachadh a thainig air. Air uairibh eile, bhuin e gu cruaidh ris. Ghairm e aon latha, an ceann a chéile, àireamh mòr de' chàirdibh agus a luchd dùthcha, agus ghuidh e air, 'nam fianuis uile, cùl a chuir r'a mbealachdan agus a thuiteamas; agus air do a mhac so a dhiùltadh, chuir e fios, ann am feirg, air an uachdaran Russianach; dh'innis e dha, mar tarruingeadh a mhac air ais o na chreidimh Chriosduidh, gu'n ceangladh e eadar làmh is chos e, agus gu n d'thugadh e thairis do'n luchd riaghlaidh e; oir anns na dùthchanna sin, tha cumhachd aig an luchd riaghlaidh thairis air pearsaibh agus coguisibh dhaoine. "Athair," arsa Mirza, cha tarruing mise air m'ais; cha'n 'eil e 'n comas dhomh; bhiodh m'fhuil agus m'fheòil gu toileach 'n am Mahomedanaich, ach cha 'n fhuiling mo choguis dhomh bhi 'ni 's faide mar sin." An sin chuir 'athair an cuimhne dha, gu robh gach deasboireachd mu chreidimh air a chuir a thaoibh nam measg-sa, le neart claidheimh agus airm.—agus gu 'm feumadh na meadhona ceudna bhi air an cleachdamh ris-sa "Dearbachd chinn-teach" fhreagair Mirza, "nach 'eil bhur creidimh-sa o Dhia; oir cha 'n 'eil feum aig Dia air an leithidibh sin a dh'airm chogaidh, chum creidimh chlann daoine a shocruchadh." Dh'òrduich 'athair an sin, ann an corruich, nach d'tugta mìr bìdh dha; cha mhò dh'fhuilingeadh e dhà a làmh a thumadh anns an aon ulhèis ris féin, a reir an seòl ithidh a th' aca 's na dùthchan sin; ag ràdh, "mo thruaighe! tha

mo mhac a nis neo-ghlan." Chaidh Mirza air an oidhche sin d' a leabaidh 'n a thrasgadh; ach mu aon uair deug a 's t-oidhche, thainig 'athair gu fòil, gu taobh a leapa, agus dhùisg se e. "A mhic" a deir e, "tha thu faicsinn gu'm bheil mise a 'm shean duine; nach gabh thu truas air m' fheusaig liath? na brist mo chridhe, le thu a thighinn gu bhi a' d' as-creidmheach," (oir goiridh na Mahomeda-naich as-creidmhich dhe na Criosduidhean.) "Athair," fhreagair Mirza, "'s tusa gu dearbh, m' athair, agus is e mo dhleasdanas-sa ùmhlachd thoirt dhuit anns na h-uile nì,—ach c'arson a dh'iarraidh tu orm an ùmhlachd sin a bhuineas do Dhia a mhàin? Anns an aon nì so, cha 'n 'eil e 'n comas dhomh ùmhlachd a thoirt dhuit." Air do 'athair fhaicsinn a nis, nach deanadh sèol ciùin no min sam bith an gnothuch ris, ghlais e suas ann am prìosunn e, sgiùrs e gu goirt e; chum e gun teachd-an-tìr, e; agus a thuilleadh air sin, bhagair se e, ag ràdh, gu'n robh fios aige féin a reir an lagha, gu'm b' urradh dha eadhon a bheath a thoirt air falbh uath. Air do 'n chùis bhi mar so; chaidh na Ministirean Albanach dh'ionnsuidh fear riaghlaidh a bhaile: dh'agair iad còir air a phrìosannach, thaobh 's gu'n robh cead an Iompaire Ruisianach aca, neach sam bith a ghabhadh ris a chreidimh Chriosduidh, bhi air a chumail suas leotha féin. Dh'òrduich am fear-riaghlaidh e bhi air a leigeadh fa sgaoil; agus bha e 'n sin air a ghiùlan a dh'ionnsuidh an tìghe anns an robh na Ministirean a' chòmhnuidh. 'N uair a dh'fheòraich iad dhe, cia mar a bha e 'g a fhaireachadh féin anns a phrìosunn? 'Thubhairt e' gu 'n robh, fìor shìothchail agus sona. Bha nis, a luchd dùthcha agus a chàirdean a'tighinn gach latha d' a ionnsuidh, a' deasboireachd ris mu thimchioll a chreidimh, agus a'cuir an céill dha, am masladh a thug e air féin agus air a chàirdean le a thuiteamas. Ach bha a'chiùineachd agus an stuamachd leis an robh e 'g am freagairt, a'dearbhadh gu soilleir, agus gu taitneach, a bhuaidh a fhuir an Soisgeul air 'anam; air leithid a sheòl, agus gu'n smaoinicheadh neach sam bith, gu'n deanadh an nì sin féin sgathadh air a chàirdean mar an ceudna. Mu 'n àm so, thòisich an Easbuig Greugach anns a bhaile sin, air iarraidh gu'm biodh Mirza air a chuir fuidh chùram Sagairt Ruisianach, chum 's gu'm bitheadh e air a bhaisteadh anns an Eaglais Ghreugaich. ('S Eaglais so, a tha'g aideachadh ainm Chriosd, ach tha air a truailleadh gu ro mhòr, le iomadh cleachdamh agus saobhchràbhadh:—gabhadh sinn cothrom eile air a bhi cuir an céill dhuibh nì-eigin mu thimchioll na h-Eaglais so.) Dh'agair na Ministirean Albanach còir gu'm bitheadh Mirza air a bhaisteadh leotha féin, a réir na sochair bha air a buileachadh orra leis an Iompaire Ruisianach, agus an déigh mòran deasboireachd mu thimchioll, dh'aontaich iad le chéile, a chùis a chuir air beulaobh an Iompaire. 'S a cheart àm, bha Mirza 'n a chomhnuidh leis na Ministiribh Albanach. Sgrìobh e féin litir a dh'ionnsuidh an Iompaire, a'guidheadh gu'n ceaduireadh e dha, bhi air a bhaisteadh a réir gnàth na h-Eaglais sin dha 'm buineadh 'na daoine a bha na meadhon air esan a bhi air iompachadh dh'ionnsuidh a chreidimh Chriosduidh. Dheònuich an-t-Iompair an iartas so, gu ro thoileach; agus sgrìobh àrd-chomharlaiche na h-Iompaireachd, am Prionnsa Galitzin, a dh'ionn-

suidh nam Ministirean Albanach, air an dòigh so a leanas ; agus tha sinn a'cuir sìos na litreach so, chum gu'm tuig sibh cia mar tha 'n Tighearn anns an latha diugh, a'togail suas fhianuisean dha féin nam measg-san aig am bheil mòr chumbachd ann an nithibh saoghalt.—gu'n deònuich esan an latha sin a thighinn, anns am faicear leithid a Phrionns' urramaich so, nan aithriche' altruim do Eaglais Dhé, agus mar na gabhraibh firionn air cheann na treuda. Mar so, tha 'm Prionnsa Galitzin a sgrìobhadh. “ Thainig gu'm làimh bhur litir ro thaitneach, mu iompachadh Mhirza Mahomed Ali Beg, maille ris an iarrtas a dh'ionnsuidh an Iompair o'n òganach sin. Fhuair mi aig an aon àm, litir o Ard Easbuig *Astracain* nu na ghnòthach cheudna. A' deanamh aoibhneis mar a thà mi, ann an iompachadh a Phearsianaich òig sin, dh'fhairich mi e mar fhìachaibh orm féin, a cheud chothrom a'ghabhail air a chùis a'thabhairt an làthair an Iompair, chum 's gu 'm biodh deadh iarrtas Mhirza, air sàcramaint naomh a'bhaistidh fhaotainn, air a deònachadh dha cho luath 's a chìttheadh iomchuidh leibhse. Air do'n Iompair e féin, a leughadh le mòr thlachd, an cunntas a thug sibh air iompachadh a Mhahomedanaich òig so ; thoilich e chuir mar fhìachaibh ormsa, a dhaoin 'uaisle, sgrìobhadh d'ur 'n-ionnsuidh, gur e òrdugh-san, gu'm faigheadh am Persianach òg so sàcramaint a bhaistidh a'fhrithéaladh dha, a réir òrduigh na h-Eaglais sin, ris am miann leis e féin a dhlùthachadh. Is ionann am fìor aoibhneas le'm bheil mi a'cuir na naigheachd so an céill dhuibh, agus an sòlas sin a fhuair mi ann an leughadh bhur litir ro thaitneach. Beannuichte agus àrdaichte gu robh ainm ar Tighearn Iosa Crìosd:—Gu robh nachdranachd bheannaicht-san air a meudachadh anns gach àite air feadh na cruinne gu léir. Tha mi guidheadh oirbh, gu'n cuir sibh fios dha'm ionnsuidh, a mach uaith so, air gach neach sam bith, mar am Persianach so, a bhios air an iompachadh le'n uile chridhe agus anama, a chum creidimh an Tighearn Iosa Crìosd. Is ann le fìor thoil-inntinn tha mi nis, a guidheadh oirbh a chreidsin uam, m'iarrtas dhùrachdach air son soirbheachadh gnothaich agus rùn na Cuideachd sin d'am buin sibh ; agus cho ullamh 's a bhios mi aig gach àm, air na h-uile cuideachadh agus dìon feumail a thoirt dhuibh : agus tha'n onoir so agam, a Dhaoin' uaisle,

A bhi dhuibhse,

A'm sheirbhiseach umhal,

PRIONNSA ALASTAIR GALITZIN.”

Goirid an deigh do'n litir so teachd a dh'ionnsuidh nan Teachdar Albanach, bhaisteadh Mirza leo, air dhòigh ro shòluimnte agus cràbhach. Bha 'n Eaglais agus an tigh-sgoile tha làimh rithe air an dumblachadh le luchd àiteachaidh na tìre sin, a thainig a mach a dh' fhaicsinn an t-seallaidh so, a seachd dùth'chaibh fa leth. Bha 'n t-seirbhis air a cuartachadh ann an trì cainntibh ; a' chainnt Phearsianach, Thurcach, agus Bheurla ; agus bha e coltach gu'nd'rinn an sealladhair fad, mor dhrùghadh air faireachadh an luchd èisdeachd. Tha Mirza riamh o 'n àm sin air fantuinn seasmhach anns a chreidimh ; agus a' saothrachadh a latha 's a dh' oidhche, am measg a luchd dùth'cha, 'g an



teagasg anns an fhìrinn mar a tha i ann an Iosa. Tha e air sgrìobhadh leabhair beag air dearbhaidhean a chreidimh Chriosduidh, anns a chainnt Aràbianach, dhe 'm bheil cuig ceud air an clò-bhualadh.

Rè na bliadhna 'n uraidh, chuir na Teachdairean Albanach a mach ann an *Astracan* na leabhraichean so: Dà mhìle de 'n Tiomnadh nuadh, o'na chuigeadh Caibidil deug de shoisgeil Lùcais dh' ionnsuidh crìoch Leabhair an Taisbeanaidh, ann an cainnt *Thartari*. Theagamh qu 'm feòraich sibh, e' arson a bhris iad air an Tiomnadh nuadh, 's nach do chuir iad a mach an t-iomlan dheth?—tha freagradh maith air a cheist sin.—tha a chainnt ro dhoirbh r' a h-ionnsachadh; agus 'sann a tha e 'na chuis-iongantais eadhon aig na daoine is foghlumte, gu 'n robh iad comasach air a mheud so féin dhe an fhocal cadar-theangachadh ann an ùin' cho gearr. Chuir iad a mach mar an ceudna, naoidh mìle dhe leabhair beag eile anns a chainnt Pherisianach mu thimchiol fìrinn nan Sgrìobtuir, air a sgrìobhadh le Doctair Ros, fear dhe na Teachdairibh Albanach:--ochd ceud dhe 'n leabhair cheudna, anns a chainnt Thurcach, agus cuig ceud de 'n leabhair a sgrìobh Mirza, chaidh ainmeachadh a cheana: agus anns a bhliadhna cheudna, thug iad seachad am measg luchd àiteachaidh na dùth'cha, sèa mìle, sèa ceud, da fhichead 's a naoidh leabhair eile air nithe spioradail, agus earranaibh de 'n Sgrìobtair ann an caochlaidh chainntean. Tha aig a Chomunn Theachdaireil Albanach, Teachdairean ann an trì carranaibh eile de 'n Iompaireachd Ruisianach; agus ged nach 'eil mòran aca fathast ri labhairt mu thimchiol soirbheachadh an oibre air feadh nan carrann sin, tha iad féin agus an càirdean aig a bhaile 'g iarraidh a bhì sealltainn ris an Tighearn mu 'n chùis so, agus fathast ag earbsadh as, nach fuilingeadh e d'a fhocal féin pilltinn air ais falamb d'a ionnsuidh, ach gu 'm fàsadh an sìol maith tha nis air a chuir, a suas, chum cliù agus glòire a shaor ghràis féin. Tha na Teachdairean anns an earran so de Iompaireachd na Russia air an cuideachadh ann an 'oibrìbh le duin' òg àraid dha' n ainm *Katte Gherry*. Rugadh an duin òg so dhe teaghlach mhòr agus chumhachdach san tìr sin: a reir còir-bbreithe, bha e gu bhì 'na cheann-feadhna, no 'na Phrionnsa air buidhean lionmhoir d' a luchd dùth'cha féin; ach thachair gu 'n do dh' éirich cogadh am measg nam Fincachan tha 'chomhnuidh's an tìr sin—agus 's e aon lagh a tha aca ann an cogaidhean, gu 'm bheil na Prìosunnaich uile tha iad a' glacadh air an reic mar thràil-libh. Bha am Prionnsa òg *Katte Gherry* air a glacadh; agus air a reic mar thràil; ach thachair na teachdairean Albanach ris: dh' ath-cheannaich iad e; agus bha an t-saothair a ghabh iad r'a theagasg thaobh a Chreidimh air a beannachadh. Thainig e an dèigh sin, null a dh' Alba; bha e dhà na thri bhliadhna 'n a chomhnuidh an Dunéidin; agus o a ghiùlan air gach scòl, agus an t-éud a thaisbean e, agus tha e fathast a' taisbeanadh, mu mhaith spioradail a luchd dùth'cha, tha aobhar a bhì creidsinn mu 'thimchiol, gu 'n do sbaothairich an Tighearn air 'anam. Phòs e baintighearn òg a teaghlach eireachdail fògus air Duinéidin; agus dh' fhalbh i mach leis, o chioun mu 'n cuairt agus dà bhliadhna. Tha e nis a' saotharachadh gu dùrachdach am measg a luchd dùth'cha, a' cuir an céill a Chreidimh sin, air an d' rinne tàir roimhe, agus tha dòchas againn nach bi a shaothair dìomhau san Tighearn.

Dh' innis sinn dhuibh gu 'n do chuir a Chuideachd so mu 'm bheil sinn a' labhairt, Teachdraichean a mach dh' ionnsuidh nan Innscan an Ear. Ann am *Bombay*, Eilean mòr araid a bhuineas do na h-Innsibh an Ear, tha a nis triùir Theachdar aca, Mr. Cooper, Mr. Crauford, agus Mr. Stevenson. Thoilich e an Tighearn 'n a fhreasdal, an ceathramh aon a ghairm air falbh, an uraidh, Mr. Dòmhnul Mitchell. Dha na chuideachd Theachdaireil aig a bhaile, bha 'n naigheachd so ro chruaidh; ach dhàsan, cha 'n 'eil teagamh, nach bu tòiseachadh e, air sonas agus aoibhneas siorruidh, an làthair na Cathrach agus an Uain. Theagamh nach 'eil fhios agaibh gu 'm b' fhear dùthcha dhuibh féin an duin' òg urramach so. Bu mhac e do Mhr. Dòmhnul Mitchell, ministeir sgèreachd Ardehlach ann an Cléir Ionmhar-narruin. Roimh dha bhì air a ghairm air falbh, shuidhich Mr. Mitchell deich Sgoilean ann an Eilean *Bhombay*, anns an robh, 'n uair thainig an cunntas mu dheireadh, ceithir cheud agus cuig deug thar fhichead de chlann òga, luchd àiteachaidh an Eilean sin: agus thigeadh dhuinn bhì 'g earbsadh, nam measg-san gu 'm bi mòr mhaith spioradail air a dheanamh, agus gu 'n tog an Tighearn a suas luchd oibre air son fhìonan féin.

Anns na h-Innsibh an Iar, ann an Eilean Shimeuca, tha teachdaireachd na rioghachd air a' cuir an cèill le Mr. Blythe, scribeach dileas na Cuideachd so. Ghabh na daoine dubha bochda, a tha fhios agaibh tha 'n an tràillibh san Eilean sin, gu taitneach ris an teachdair so; agus nì eile, tha 'na mhòr aobhair buidheachais; tha dithis dhaoin' uaisle fogus do'n àite anns an do thòisich Mr. Blythe, aig an bheil oighreachda mòra, a cheaduich dha' cha 'n e mhàin an cuid tràill a theagasg, ach a thairg a chuid mhòr do chostus na teachdaireachd a' ghabhail orra fein; agus o chionn ghoirid, chuir iad mu dheighin Tigh-coinnidh a thogail airson a choimhthineil a tha cruinneachadh a' dh' éisdeachd Mhr. Blythe; agus ann an ùin ghoirid eile, tha e coslach gu 'm bi tigh còmhnuidh air a thogail do 'n mhinisteir.

A thuilleadh air na dh' ainmich sinn a tha a' Chuideachd so a' deanamh, tha Sgoil aca an Duinéidin air son foghlum a thoirt do dhaoin' òga tha toileach iad féin a thoirt suas do 'n obair so, agus a dhol a mach mar theachdairibh an t-Soisgeil. Tha iad so air an cumail suas, agus air an ionnsachadh, air chostus na Cuideachd; agus an uair a tha iad mar so air an uidheamachadh, cho fad 's a's urradh sin a bhì deanta le meadhonaibh nàdurach, tha iad air an cuir a mach a dh' ionnsuidh earrainibh àraid, a réir mar tha freasdal Dhe a' ceadachadh agus a' seòladh. 'S ann o chionn ghoirid a ghabh iad an costus so orra fein; agus a thaobh gur ro ainneamh duin' òg aig am faighear eadhon na comasan inntinn, foghlum, agus giftean nàdurach, tha iomchuidh air son na h-obair so—agus iad sin air am beannaichadh agus air un naomhachadh leis a ghràs a tha feumail; cha 'n 'eil an t-àireamh tha iad comasach a thogail suas air an t-seòl so ach ro bheag.

Se an ath Chuideachd, airson craobh-sgaoileadh an t-soisgeil, mu 'm bu mhaith leinn a bhì labhairt, aon a tha air a suidheachadh ann an Lunnainn, a nis o chionn mu 'n cuairt agus sèa bliadhana deug, dha 'n crìoch, a bhì saotharachadh am measg nan Iùdhach, ann a bhì tairsgeadh dhoibh anns gach àite, eòlas air an Tighearna Iosa,

a dhiùlt an athraichean. Cha n' eil teagamh nach 'eil e am fios dhuibh, air sheòl coitcheinn, cia mar tha an sluagh truagh so, a bha uair-eigin, 'nam fìor Eaglais Dhe air thalamb, a nis, agus o chionn iomadh linn, air an sgapadh air feadh an t-saoghail gu léir, anns gach tìr, agus fine, agus rìoghachd; air an cuir suarach, ann an tomhas mòr, leis na h-uile; air am fuathachadh, agus gu tric air an geur-leanmhuinn, no air an sàruchadh le uachdarain nan dùthchan, anns am bheil bùidhne dhiubh air am faotainn. Ma tha sibh 'nar luchd leughaidh an t-sean Tiomnaidh, no an Tiomnaidh nuaidh, chì sibh annta faraon, bagraidhean an Tighearn an aghaidh a phobuill so; agus leughaidh na bagraidhean a's cruaidhe a tha sgrìobhta 'nan aghaidh, thu iad uile gu ro shoilleir air an coimhlionadh d' an taobh. Tha eadhon an t-ain-diadhach is cruadhaichte an aghaidh an Tighearn, agus theid cho fada 's gun àicheadh e focal na fìrinn, tha eadhon an leithide sin, (agus mo thruaighe! tha iad r' an faotainn 'n ar measg,) ag aideachadh, ma tha ni sam bith is treise na chéile 'na chomharadh air fìrinn a Bhìobail, agus an t-Soisgeil, gur e an coir anns am bheil an Pobull aithnichte so a nis air suidheachadh anns gach àite. Gidheadh, feudaidh sinn fheadhachd, mar a dh' fheadhachd an t-Abstol roimhe, mu chloinn a chùmhaint, " An do thilg Dia a phobull uaith?" Thilg gu cinnteach an Aithriche, an Tighearn uatha féin. Cha b' *àill leo teachd*, 'n uair bu mhiann leis an cruinneachadh, eadhon mar a chruinnecheas cearc a h-àlach fuidh a sgiathaibh. Thuislich iad tre mhòr-chreidimh; agus cuimhnich, a leughadair, a chomhair' sin, a tha 'n t-Abstol a 'tabhairt duit, mu 'n chùis so féin. " Ro mhaith; airson am mi chreidimh, bhriseadh iadsan d'èth, agus tha thusa a' seasamh tre chreidimh. Na bì àrd-inntinneach, ach fa eagal. Oir mar do chaomhainn Dia na geuga nàdurra, biodh eagal ortsa, nach caomhainn e thusa mar an ceudna." Rom. xi. 20, 21. Ach mu dheighin nan Iùdhach bochd, bu mhiann leinn labhairt ribh a nis, mar tha 'n t-Abstol a deanamh anns a Chaibidil cheudna, " Cha b' àill leinn a bhràithre, sibhse bhì aineolach air an rùn dìomhair so (chum nach biodh sibh glic 'nar barail féin,) gu'n do thàradh doille ann an cuid do Israel agus an d'thig iomlanachd nan cinneach a steach." Agus ghuidheadh sinn oirbh a bhì cuir suas na h-urnaigh sin as an leth, gu'n d'tigeadh am Fear-saoraidh o Shion, agus gu 'n tionndadh e mi-dhiadhachd o Iacob. Cha robh an Eaglais Iùdhach 'na làithibh sona, di-chuimhneach air coir nan Cinneach, agus cha mhò thigeadh e dhùinne a nis, a bhì di-chuimhneach orrasan nan cor ìosal agus truagh. Beagan bhliadhna roimh an àm so, tha e soilleir, nach robh nì a b' ainmig a bha tachairt, na Iùdhach sam bith a bhì air òmpachadh chum a chreidimh. Buidheachas do 'n Tighearn, nach 'eil a chùis a nis mar sin, ach gu 'm bheil sinn a faicsinn agus a' cluinntin mu iomadh aon dhiubh a bhì air a dhearbhadh, agus air a shoilleireachadh ann am fìor eòlas an t-Soisgeil. Tha a Chuideachd so ann an Lunnainn ri mòr shaothar air caochladh seòl, agus tha 'n saothairean gu faicsinneach air am beannachadh. Tha iad ag eadar-theangachadh an Tiomnaidh nuaidh a dh' ionnsuidh na cainnt Eabhraidhich, agus mar sin 'g a dheanamh ni 's so-thuigse dha 'na phobull so. Tha iad a' cuir suas sgoilean, anns a bheil clann

Iùdhach, air am foghlum a réir eòlais litireil, ann am firinnibh an t-Soisgeil; agus tha iad a' cuir a mach Theachdair, a dh' ionnsuidh caochladh àite dhe 'n Rinn-Eòrpa, agus earranaibh eile, chum a bhi saotharachadh 'nam measg. Maille ris a Chuideachd so 'an Lunnainn, 's gann gu 'm bheil baile 'n Sasunn, anns nach 'eil co-chomunna air an suidheachadh gu bhi cuideacheachadh leo. Tha mòr eud air a thaisbeanadh mu 'n clùis. Feudar sin aithneachadh nuair a dh' innseas sinn dhuibh, anns a bhliadhna mu dheireadh, gu 'n deach a thionail a dh' airgiod airson na h-obair so, da mhìle dhcug, ceithir cheud agus seà thar fhichead *Punnd Sasunnach*. 'S maith an nì, daoine a bhi saotharachadh ann an aobhair an Tighearn;—ach 's ann uaithe féin tha a bheannachd agus an toradh a teachd an uas; agus an lorg nan saothar so, 's aoibhneach r' a chluinntin, gu 'n bheil gluasad nach beag, am measg a Phobuill so, araon ann an Sasunn, agus air feadh mhoir-thir na Rinn Eòrpa. Tha leabhair air chuir a mach an Lunnainn, aon uair san ràidh, a tha toirt dearbhachdan àraid do na h-Iùdhaich air firinnibh an t-Soisgeil, agus a choir anns am bheil iad a nis mar chinneach air an suidheachadh. An àit 'a bhi a' deanadh tàir air a leithid sin, mar a bu chleachdaidh leo, agus a' dtùladh éisdeachd sam bith a' thabhairt dha, tha iad a nis a' coinneachadh o àm gu h-àm, gu h-àraid na daoine foghluinte nam measg, agus a' labhairt r'a cheile gu cùramach mu na dearbhaidhean so. Bha Rabbi àraid Iùdhach, (oir tha 'n t-ainm sin fathast 'nam measg,) a thubhairt o chionn ghoirid, r' duin' uasal a tha eudmhor mu 'n tiomchol. “Tha na saothairean ris am bheil sibh,” ars esa, “a' dearbhadh dhùinne gu soilleir gur e bhuir dùrachd Dia a thoileachadh; agus 'se a bharrail a th' aige na daoine foghluinte 'n ar measg féin gu 'm bheil an t-àm a nis aig làimh airson ath-aiseag ar Cinneach.” Bha o chionn ghoirid, mar an ceudna, searmon ann an aon de Eaglaisibh *Liverpool*, airson airgiod a thionail do 'n Chuideachd so ann an Lunnainn.—Thainig mu 'n cuairt agus da fhichead Iùdhach da h-ionnsuidh, agus an deigh na searmon, dh' iarr iad labhairt ris a Mhinisteir gu cùramach mu dheighin na gnothuch. Cha 'n 'eil so, gu cinnteach, a' dearbhadh air chor sam bith, gu 'n do thòisich obair ghràis 'nan anamaibh fa leth; ach 'n uair a smuainicheas sinn ar an fhuath, agus an naimhdeas bu chleachdaidh leo a' thaisbeanadh, tha mòr aobhar dòchais ann, gu 'm bheil an Tighearn 'g an ullachadh céim air céim airson an àm mhaith, sin, anns an toilich esan a chumbachd fein adheanamh aithnichte. Cha 'n 'eil sinn a nis a labhairt ach mu na thachair an uraidh, agus anns a bhliadhna so féin. O chaidh a Chuideachd, so a shuidheachadh, dh' .heudadh sinn ainmeachadh, ged nach 'eil iad *lionmhor* ann an àireamh, caochladh neach dhiu a thainig, tha sinn an dòchas, gu bhi air 'iompachadh' dh' ionnsuidh a chreidimh. Bha dithis am bliadhna, air am baisteadh ann an Lunnainn; agus fear dhiu gu h-àraid aig am bheil a choir a' taisbeanadh, cia mar a tha an Tighearn air uairibh, a' toileachadh obair féin a thoirt air an aghaidh anns an anam. Rugadh an duine so ann earrain àraid do Russia, bha e 'na cheannaich, agus air coiseachadh cuid mhòr dhe 'n t-saoghal. Thachair dha 'n uraidh a bhi ann an Eilean Shimeuca, agus as sin chuir e roimhe tighinn a nall do Sha-

sunn. Air an long anns an robh e tighinn a nall, bha Biobal air a thabhairt dhà,—thòisich e ri a leughadh—agus mu 'n d' ràinig e Sasunn,—bha dearbhadh na frinn air a leigeadh a stigh air a chridhe; agus dh' aidich e, gu cinnteach, gu 'm b' e so an aon Shlànuighear bha freagarach air a shon-sa. An deigh tighinn gu tìr, ghabh e ùine dha mhìos ri leughadh a Bhìobail—cha d' fhuair e fois, agus an d' fhuair e cothrom air aideachadh follaiseach a dheanamb.—bha e air a bhaisteadh an sin, agus a réir na h-uile coslas, tha a dhòchas sùidhichte air bunchar nan abstol agus nam faidh, eadhon an Tighearna Iosa Crìosd. Tha Teachdraichean na cuideachd so a' saotharachadh gu h-àraid 's a Ghermailt, anns an Olaind, ann am Prussia, agus dùthaich eile a bhuineas do Russia d' an ainm *Poland*, anns am bheil àireamb ro lionmhoir-de na h-Iùdhaich a' chòmhnuidh. Tha gach cunntas tha teachd dhachaidh uatha, a' toirt ni 's mò agus ni 's mò a dhearbhadh shòlasaich, gu 'm bheil an oibre air am beannachadh. Cha bhi e'n' comas dhuinn aig an àm so nithe *air leth* ainmeachadh; ach mu 'n crìochnuich sinn, bithidh e taitneach leibh a chluinntinn, gu bheil Comunna agus Cuideachdan eile anns an obair cheudna, air an suidheachadh a nis anns a chuid mhòir de Rìoghachdaibh na Rinn Eòrpa, agus àireamh lionmhor de dhaoin óga dhe na h Iùdhaich féin, 's a Ghermailt qu h àraid, air tighinn gu bhì soilleir air taobh an Tighearn,—agus ro eudmhor mu 'm bràithre a réir na feòia: agus ann an crìochnachadh aig an àm so, nach sòlasach dhuibh a chluinntin, gu 'm bheil eadhon a nis, trìuir Theachdar ann am haile *Jerusalem*, a' saotharachadh 'am measg nan Iùdhach, tha fathast a' chòmhnuidh ann an tìr an Aithriche; agus gu 'm bheil iad air an gabhail riu gu càirdeach. Tha fear dhiubh so, Mr Wolf, a bha e féin air iompachadh o chionn bheagan bhliadhna, o bhì 'na Iùdhach, agus ris-san gu h àraid, tha iad ag éisdachd le mòr dhùrachd. Anns an litir mu dheireadh a thainig uaithe, tha e ag ràdh: “Tha a nis ann am baile Jerusalem, tre ghràs Dhe, mòr fhàireachaidh, agus spiorad rannsachaidh nan Sgriobtair, air a ghluasad suas, air chor 's gu 'm bheil na Ràbbidhean féin ag aideachadh, nach faca iad riamb roimhe a leithid; agus tha mi 'n dòchas gu 'm bheil an Tighearn 'g a m' neartachadh a bhì labhairt riu lanachd Soisgeil Chrìosd, ni's mò na bha mi riamb roimhe comasach a' dheanamb.”

Air dhùinn a nis, an cunntas aithghear so a thabhairt, mu oibrìbh nan trì Cuideachd air leth so, bithidh sinn aig ceann gach ràidh an deigh so, a réir mar bhios sin air a cheadachadh dhuinn, a tabhairt dhuibh leithid a naigheachdan 's a thig dh' ar n-ionnsuidh mu shoirbheachadh an t-Soisgeil, araon tre shaothair nam meadhon so, agus ionadha aon eile mu 'm bheil mòran againn ri labhairt. Gu'n deonnicheadh an Tighearn dhuibhse, a luchd leughaidh, bhì air bhur faotainn dùrachdach agus tric aig Cathair ghràis, ag iarraidh uaithe féin gu'n d'tigeadh a bheannachd a nuas, agus gu'n seasadh e aobhar a ghlòire.

Cuirrear a mach an dara h aon dhiubh so, air a cheud latha dhe mìos mu dheiridh a gheamhraidh.

